

Prògram For-ruigheachd STEM UHI

2024/25

Ath-sgrùdadh Bliadhnail

BUCHAN
OFFSHORE
WIND

TWP THISTLE WIND
PARTNERS

NORTHLAND
POWER

ossian

West of Orkney
Windfarm

UHI | STEM

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



Facal-toisich	Taobh-duilleige 1
Sgioba STEM UHI	Taobh-duilleige 3
Na tha sinn a’ dèanamh le mapadh dàta STEM	Taobh-duilleige 5
Fios air ais o Mheasadh	Taobh-duilleige 6
Uidheam STEM agus Acainnean Forfhais STEM UHI	Taobh-duilleige 7
Beachdan a fhuaras air ais o Phrògram For-ruigheachd STEM UHI	Taobh-duilleige 11
Com-pàirteachas STEM na Gàidhealtachd is nan Eilean (CSGE)	Taobh-duilleige 12
Tuillidh fiosrachaidh	Taobh-duilleige 14
Thank You	Taobh-duilleige 16

English:
This document is available online in both English and Gaelic. Should you require a printed copy, you may request one by emailing STEM@uhi.ac.uk.

Gaelic:
Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air-loidhne sa Bheurla agus sa Ghàidhlig. Ma tha thu feumach air lethbhreac clò-bhuailte, faodaidh tu fear iarraidh le bhith a’ cur post-d gu STEM@uhi.ac.uk.

Mar chuimhneachan air an Oll Evelyn Gray a shiubhail gun fiughair na bu tràthaile air a’ bhliadhna seo.

Bha Evelyn dìorrasach a thaobh foghlam STEM adhartachadh, agus is e an dèileab aicese ann a bhith a’ brosnachadh STEM UHI air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Mhoireibh a rinn e comasach Prògram For-ruigheachd làithreach UHI a thoirt am bith.



Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a’ toirt leudachadh air crìochan is a’ rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



Dh’fhàs am Prògram For-ruigheachd STEM à dèileab o phròiseactan STEM le sgoiltean fad bhliadhnaichean mòra a fhreagarraich iad fhèin a rèir fheumalachdan nan sgoirean dùthchail anns a bheil sinn air ar suidheachadh.

Le bhith a’ tòiseachadh gu tràthail san turas foghlaim gabhaidh bunait stèidheachadh ann an cuspairean STEM, rud a bheir deachdadh don ath ghinealach, is bidh na gnìomhachdan againn a’ solar structar a bhith ag ionnsachadh agus rum a bhith a’ forfhais is a’ rannsachadh.

Tha STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) air a shuidheachadh gu dìongalta mar raon is fòcas airson foghlam. Tha UHI ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e agus a’ strì a bhith a’ freumhachadh na modha eadar-chuspairich seo sa churaicealam againn airson ùr-ghnàthachadh a dheachdadh tro chruthachalachd leis na h-ealain, (far an dèan STEM STEAM).

Tha an ro-innleachd againn ann an UHI a’ comharrachadh gum bi a’ mhodh-obrach againn le saidheans, teicneolas, innleadaireachd, ealain agus matamataig a thaobh curaicealam ioma-chuspaireach a’ cur a-mach nan ceumnaichean as proifeiseantaiche agus as sùbailte.




Tro thaic fhialaidh chom-pàirtichean ann an gnìomhachas bha buidseat co-choitcheann de £1.2M ann airson a’ phrògram thrì bliadhna. Le tabhartasan de dhiofar meud o chaochladh chom-pàirtichean ann an gnìomhachas agus UHI le chèile chaidh againn air gnìomhachdan com-pàirteachadh STEM a bha co-òrdanaichte agus èifeachdach a thaobh costas a chur air dòigh air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean air fad a’ gabhail a-steach Earra-Ghàidheal is Bòd, Moireibh is Siorrachd Pheairt agus taobh an ear-thuath Shiorrachd Obar Dheathain.



Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a’ toirt leudachadh air crìochan is a’ rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



Tha dà phrìomh amas aig Prògram For-ruigheachd STEM UHI:

Deachdadh

Tha rùn oirnn deachdadh a thoirt don ath ghinealach le bhith a' toirt buaidh air sligheachan a-steach do STEM o na bliadhnaichean tràthail, tron bhun-sgoil is an àrd-sgoil agus a-steach do dh'fhoghlam adhartach is trèanadh, airson cothrom a shoirbheachadh air sgilean is dreuchdan STEM.

Is e mar a bhios sinn a' dèanamh seo gum bi sinn a' toirt barrachd misneachd do sgoilearan is luchd-teagaisg a bhith a' dol an greim ri cuspairean STEM, le bhith a' toirt cothrom do sgoiltean air uidheam is goireasan teagaisg airson cuideachadh le ionnsachadh STEM agus le bhith a' tairgsinn taic sa chlas airson STEM a fhreumhachadh taobh a-staigh den sgoil.



Co-oibreachadh is Co-òrdanachadh

Tha rùn oirnn a bhith ag obair le com-pàirtichean STEM airson buaidh is leasachadh a thoirt air na gnìomhachdan againn ann a bhith a' solar fèin-fhiosrachaidhean brosnachail a dh'ionnsaigh sgilean is dhreuchdan STEM a rèir fheumalachdan gnothachais is fàs eaconamach san sgìre ionadail cho math ri bhith a' leantainn oirnn a' dol an greim ri ceartas a thaobh cothruim, agus cothroman dùthchail is gnè nan raointean fòcais sònraichte.

Bidh sgioba UHI ag obair le buidhnean eile a tha an sàs ann am for-ruigheachd STEM le bhith a' taiceadh is a' co-òrdanachadh phlanaichean is gnìomhachdan ionadail air feadh an eag-shiostaim STEM againn.



Ath-sgrùdadh Bliadhnaile 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.

Sgioba STEM UHI

Mar sgioba tha sinn air fad gu math dealasach mu fhoghlam STEM o na bliadhnaichean tràthail agus fad an turais foghlaim. Tha feum air eadar-theachd tràthail a thaobh a’ mhì-chothruim ann an gnè agus co-ionannachd gus am bi na sgilean is an fheachd-obrach againn san àm ri teachd air feadh na sgìre againn.



Co-òrdanaichean STEM UHI



Tha caochladh sàr-eòlais againn agus tha an eachdraidh againn a thaobh sgilean a’ gabhail a-steach luchd-teagaisg bun-sgoile, luchd-teagaisg saidheans ann an àrd-sgoiltean, bith-eòlaichean, matamataigear, ainmh-eòlaiche, neach-ealain, inntinn-eòlaiche, saidheans mara, geòlaiche agus innleadaireachd.

Cluinnidh sibh o bhuill an sgioba againn mu na dh’fhiosraich iad ann an sgioba STEM UHI agus a’ bhuaidh a bh’ aca ma thadhlas sibh air:

<https://youtu.be/sgwYgRs3RfY>




Clàr-geàrr-chunntais Sgioba STEM

Co-òrdanaiche STEM	Com-pàirtiche Acadaimigeach	Cruinn-eòlas
NA H-EILEANAN A TUATH		
Eleanor Hutcheon	UHI Sealtainn	Sealtainn
Ria Kirkpatrick	UHI Arcaibh	Arcaibh
NA H-EILEANAN SIAR		
Angela NicAsgaill	UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall	Leòdhas is na Hearadh
A' GHÀIDHEALTACHD		
Ana Candido Barton	UHI Inbhir Nis	Siorrachd Inbhir Nis a' gabhail a-steach Inbhir Narann
Kate Morris	UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall	Inbhir Pheofharain is A' Mhanachainn
Mara Gibb	UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall	Gallaibh, Cataibh is Taobh Sear Rois
Lucy Downie	UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall	An t-Eilean Sgitheanach is Loch Abar
MOIREIBH IS SIORRACHD OBAR DHEATHAIN		
Kathleen NicDhùghaill	UHI Moireibh	Moireibh
Sara Fairley	Colaiste Thaobh an Ear-Thuath na h-Alba	Colaiste Thaobh an Ear-Thuath na h-Alba
SIORRACHD PHEAIRT		
Laura Grassie	UHI Peairt	Peairt is Ceann Rois
EARRA-GHÀIDHEAL IS BÒD		
Jo Oliver	UHI Earra-Ghàidheal is Bòd - Deas	Earra-Ghàidheal is Bòd - Deas
Mia Leng	Comann Saidheans Mara na h-Alba	Earra-Ghàidheal is Bòd - Tuath

Co-òrdanachadh Prògram
Buill a’ Bhun-Sgioba




Jilly Rothach
Cùradair STEM
(Susbaint agus
Feòrach is Freagairt)



Victoria Caine
Rianaiche an
Sgioba STEM



Mhari Ross
Teicneolaiche STEM
(Oileanach air
Inntearnas)



Dawne Bloodworth
Ceannard
a’ Phrògram

Feadhainn a Dh’fhàg Sinn

Buidheachas mòr do bhuill den sgioba a dh’fhàg sinn feadh 2024/2025:

Fiona NicCoinnich

Tha Fiona na h-adhartaichear às leth com-pàirteachadh STEM gu sònraichte ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh agus tha i gnìomhach fhathast ann an Slèiteadal.

Jack Mac an t-Saoir

Tha Jack a-nis a’ leasachadh a chùrsa-obrach agus ag obair do Chomhairle na Gàidhealtachd ann an Eaconamaidh is Ath-bheothachadh.

Monica NicLeòid

Tha Monica an dèidh ath-thrèanadh agus tha i a-nis na neach-teagaisg saidheans àrd-sgoile ag obair ann am Barraigh.

Maryan Cabdi

Tha Maryan an dèidh tilleadh don dreuchd aice ag obair le Foghlam Òigridh ann an Sasainn.

Lucy Beattie

Tha Lucy a-nis ag obair làn-ùine do dh’Oilthigh Dhùn Èideann na rannsaiche iar-ollamhach.



Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25
Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a’ toirt leudachadh air crìochan is a’ rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.

Na tha sinn a’ dèanamh le Mapadh Dàta STEM





Bha a dhìth oirnn modail cruinn-eòlasach a chruthachadh a ghlacas ruigsinn is leud ghnìomhachdan a choileanar le Prògram For-ruigheachd STEM UHI a’ leigeil fhaicinn a’ chom-pàrteachaidh a th’ againn ri sgoiltean ionadail, an co-bhoinn ri buidhnean co-cheangailte de sgoiltean agus sgìrean nan ochd ùghdarrasan ionadail a tha sinn a’ toirt a-steach.

Solairidh seo seata dàta lèirsinneach a leanas sinn oirnn a’ leasachadh fhathast, a’ gabhail a-steach co mheud pàiste a chaidh a ruigsinn leis a’ phrògram mar chuibhreann de dh’àireamh iomlan nan sgoilearan sa phrògram.

Cothrom airson an Ama ri Teachd

Le tuillidh airgead air a chur an sealbh ann ghabhadh am ball-acainn mapadh dàta meudachadh a ghabhail a-steach dàta o chom-pàirtichean eile ann am foghlam STEM.



Na choilean sinn - Àireamhan Cruinneachail

Tha an seata as ùire de dhàta cruinneachail a’ nochdadh gun do ghabh barrachd is 32,000 de chloinn aois bun-sgoile agus na b’ òige pàirt, o Shultain 2023 gu Lùnastal 2025, ann an seiseanan Acainn Forfhais agus gnìomhachdan com-pàrteachadh STEM eile a thugadh seachad leis an Sgioba For-ruigheachd againn.

Bha àireamhan nan cailean is nam balach a ghabh pàirt sna gnìomhachdan an ìre mhath a rèir a chèile. Cho math ri gnìomhachdan san t-seòmar-theagaisg, ghabh an Sgioba For-ruigheachd pàirt no thug iad taic ann am barrachd is 190 de thachartasan STEM eile sa choimhearsnachd leithid fhaidhricean saidheans, fèilltean agus bùthan-obrach. A rèir ar tuairmse, bha còrr is 12,000 a’ frithealadh nan tachartasan sin.

Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a’ toirt leudachadh air crìochan is a’ rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



'Chòrd na seiseanan STEM againn anabarrach math rium fhèin agus ris na sgoilearan an dà chuid, bha a' chlànn a' toirt an aire agus a' gabhail pàirt feadh nan gnìomhachdan air fad. Rinn an diorras is an dealas math air ionnsachadh na cloinne, bha i fiadhaich fhèin math air a bhith a' mìneachadh nam pìosan obrach agus chuidich i a bhith ag altram is a' toirt fàs air iomadh sgil taobh a-staigh, o bhith a' togail air am misneachd fhèin agus an sin an comas a bhith a' fuasgladh ana-ceistean, a' conaltradh ri càch agus ag obair mar phàirt de sgioba. Bha na gnìomhachdan a' toirt uiread spòrs is foghlaim.'

‘Tha uiread a dh’uairan a chì mi clann a’ fàs ro m’ shùilean. Ag amharc orra ag obair cho cruaidh air na còdaichean san t-seisean Sphero, agus an ath rud tuigidh iad air a’ mhionaid – tha e dìreach prìseil sin fhaicinn air an aodann.’

"Chan fhaca mi mo phàiste riamh a' tighinn dhachaigh air a thogail mar sin agus e cho stràiceil às fhèin. Is e an aon rud a theirinn gun robh an seisean cho feumail dha is gum biodh e baibheil nan robh comas agaibh a bhith a' tighinn gu cunbhalach."

Bha an seisean math fhèin air fad! Bha pailteas cothruim a bhith a' gabhail pàirt gu gnìomhach, deagh astar is measgachadh de ghniomhachdan, goireasan baibheil, a' freagairt gu math air an ionnsachadh a tha sinn a' dèanamh an-dràsta mu na càiltean.

Tha na seiseanan seo ro-chudromach mar phàirt den churaicealam againn, is tha e fuathasach math seo a bhith againn san sgoil. Mo bhuidheachas dhuibh!

Tha barrachd misneachd agam an ath leasan a thoirt seachad a-nis! Tha na seiseanan seo ro-chudromach mar phàirt den churaicealam againn, is tha e fuathasach math seo a bhith againn san sgoil. Mo bhuidheachas dhuibh

Seisean a bha dìreach air leth! Chòrd e gu ciatach ris a' chlas agus bha ùidh aca ann is iad a' toirt an aire feadh a' ghnòthaich gu lèir. Rud a bha ri a mhothachainn gu sònraichte, bha feadhainn den chloinn a bhios am bitheantas a' strì san sgoil agus da bheil e doirbh a bhith ag èisteachd a' gabhail pàirt ann gu gnìomhach.

Taisbeanadh soilleir, inntinneach, freagarrach don aois agus spòrsail! Cothrom do neach-teagaisg a' chlas a bhith a' gabhail beachd is ag ionnsachadh mar a bheirear seachad leasain STEM!

Gu math dealasach is bheir e air a' chloinn smaoineachadh. Bha meas ana-mhòr agam air an ùil on cho-òrdanaiche STEM. Bha a' chlànn a' cur ùidh mhòr ann. Seisean barrachta. Taing dhuibh!

UHI STEM Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a’ toirt leudachadh air crìochan is a’ rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.

Uidheam STEM is Acainnean Forfhais STEM UHI - Acainnean Forfhais

Prògram For-ruigheachd STEM UHI Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25



Is e a th' ann am Prògram For-ruigheachd STEM UHI sreath de dh'Acainnean Forfhais is susbaint annta a bhoineas ri cuspairean o gach aon de na ceithir prìomh raointean STEM. Tha na goireasan is na planaichean ionnsachaidh air fad air an dèanamh a rèir a' Churaicealaim airson Sàr-mhaitheis agus ri am faotainn an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig.

Ge sam bith càit a bheil sibh san sgìre a tha air a gabhail a-steach sa phrògram, thig na Co-òrdanaichean For-ruigheachd STEM UHI againn le Acainnean Forfhais chun na sgoile agaibh agus oibrichidh iad taobh ri taobh le luchd-teagaisg is gnàthaichearan a thaisbeanadh a' chuspair ann an dòigh spòrsail, inntinneach.



Bidh na seiseanan air an solar gun chostas sam bith don sgoil agus bidh taic ann do luchd-teagaisg a chuideachadh leotha barrachd misneachd a bhith aca a thaobh cuspairean STEM a thaisbeanadh agus fàs a thoirt air an eòlas STEM aca fhèin.

Tha na cuspairean sna h-Acainnean Forfhais a tha ri am faotainn aig an àm seo air an liostadh air fad air an làraich-lìn againn. Gheibh sibh cuideachd fiosrachadh conaltraidh nan Co-òrdanaichean For-ruigheachd STEM UHI againn air fad agus na sgìrean a tha fo an cùram.

Ionnsaichibh tuillidh mu na h-Acainnean Forfhais agus na tha am broinn nam bogsaichean!

A dh'iarraidh tuillidh fiosrachaidh, tadhlaibh air:

<https://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/stem>

Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25


Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.

Uidheam STEM is Acainnean Forfhais STEM UHI - Acainnean Forfhais

Prògram For-ruigheachd STEM UHI Ath-sgrùdadh Bliadhnaile
2024/25

Àireamh iomlan nan seiseanan For-ruigheachd STEM a thugadh
seachad ann an sgoiltean Sultain 2023 gu Lùnastal 2025

- Science: Electricity
- Science: Environment (Oil Spill)
- Science: Marine
- Science: Plants
- Science: Senses
- Technology: Early Years Computing
- Technology: Microbots
- Technology: Sphero (Coding)
- Engineering: Kapla
- Engineering: MTA Kits
- Mathematics: Maths Tales



Acainn Forfhais Saidheans Lusan

Dhealbhadh sàr-eòlaichean ann am Foghlam STEM o UHI agus na Gàraidean Luibh-eòlais Rioghail ann an Dùn Èideann (RBGE) seiseanan airson feòrachas a dhùsgadh ann an luchd-ionnsachaidh òg aig an aon àm ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil susbaint na h-'acainn forfhais' Saidheans Lusan foghlamach agus inntinneach, an dà chuid. Ann an co-chòrdadh ris a' Churaicealaim airson Sàr-mhaitheis agus le ceanglaichean ri Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan DA, bidh na seiseanan a' cur taic ri toraidhean ionnsachaidh cudromach agus a' solar fèin-fhiosrachadh ionnsachaidh saidhbhir.

Tha na h-Acainnean Forfhais Saidheans Lusan a' cur ri taigse a' Phrògram For-ruigheachd STEM againn gu baibheil agus bidh iad air an solar do sgoiltean gun chostas sam bith. Tha sinn an dòchas gun urrainn do luchd-teagaisg fàs a thoirt air a' mhisneachd a th' aca san eòlas STEM aca fhèin agus a bhith a' toirt iongantais saidheans lusan a-steach do na seòmraichean-teagaisg aca. Tha sinn anabarrach taingeil airson a' chothruim a bhith a' co-obrachadh le RBGE airson an smaoineas seo a chur an gnìomh.

Sgeulachdan Matamataig – Luchd-ionnsachaidh Bhliadhnaichean Tràthail agus Ciad Ìre

Chruthaich sinn na bagaichean cluiche àireamhachais Sgeulachdan Matamataig an-uiridh a bhith an co-chòrdadh ri Seachdain Matamataig na h-Alba. Bha piseach is iarraidh ana-mhòr orra agus tha iad a-nis gan uisneachadh air feadh na h-Alba. Dealbh de Newcastle Nursery ann am Fìobha ag uisneachadh nam Bagaichean Sgeulachdan Matamataig againn mar phàirt den bhothan ionnsachaidh theaghlachail aca a chruthaich iad ann an co-obrachadh leis an sgoil ris a bheil iad ceangailte.

Acainn Forfhais Saidheans Mara

Ar buidheachas do cho-obrichean an Comann Saidheans Mara na h-Alba (SAMS) airson cur nar comas susbaint a threaghradh airson Acainn Forfhais Saidheans Mara a chruthachadh a thairgeas am Prògram For-ruigheachd STEM.

Ath-sgrùdadh Bliadhnaile 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.


Uidheam STEM is Acainnean Forfhais STEM UH

Brat-Cluiche Lùtha Ath-nuadhachail do
Luchd-ionnsachaidh Tràthail/Ciad Ìre

Prògram For-ruigheachd STEM UHI Ath-sgrùdadh Bliadhnail
2024/25



Tobraichean Lùtha agus Seasmhachd do Luchd-ionnsachaidh Dàrna Ìre



Tha sinn an-dràsta a' co-oibreachadh le com-pàirtichean air an taobh a-muigh airson Acainn Forfhais ùr thogarrach a chruthachadh, air a dealbhadh a thoirt taic do luchd-teagaisg ann a bhith a' coileanadh thoraidhean a' Churaicealaim airson Sàr-mhaitheis ann an Tobraichean Lùtha agus Seasmhachd ann an dòigh a bhios inntinneach, phrataigeach.

Brosnaichidh an Acainn Forfhais luchd-ionnsachaidh a bhith a' fiosrachadh gu dè a th' ann an lùth, a' sgrùdadh nan diofar sheòrsaichean lùtha ath-nuadhachail a tha gan uisneachadh ann an Alba, agus a' beachdachadh air a' bhuaidh a bheir saothrachadh agus caitheamh lùtha air a' phlanaid againn. Tro ghnìomhachdan prataigeach, bheirear comas do luchd-ionnsachaidh a bhith a' ceasnachadh, a' rannsachadh, agus a' beachdachadh air ceistean seasmhachd a bhoineas don t-saoghal cheart da-rìribh, rud a chuidicheas a bhith a' dèanamh ionnsachadh bointeach is brioghmhor, aig an aon àm ri bhith gam brosnachadh a smaointeachadh air na sgilean air am bi feum aca airson an ama ri teachd.

Agus i ann an co-chòrdadh ri modh-obrach na h-Alba a thaobh Ionnsachadh airson Seasmhachd, cuidichidh an acainn a bhith a' toirt fàs air sgilean, luachan, is seasamhan cudromach a bheir comas do dhaoine òga a bhith a' tighinn beò ann an dòigh nas seasmhaiche agus a' smaointeachadh gu breithneachail air dùbhlain chruinneil.


Tha beachdan a fhuaras o luchd-teagaisg an dèidh nochdadh gu bheil feum air taic san raon seo, agus tha an Acainn Forfhais air a dealbhadh le sùil air na lèirsinnean acasan. Mar a bhitheas a-ghnàth, bidh na gnìomhachdan a' brosnachadh obair sgioba, còmhraidhean ri co-inbhich, agus fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh gnìomhach a dh'altramas feòrachas, co-oibreachadh, agus smaointeachadh breithneachail.

Don luchd-ionnsachaidh nas òige againn, tha sinn an-dràsta a' cruthachadh cothrom ionnsachaidh tro chluich a bhrosnaicheas luchd-ionnsachaidh a bhith a' rannsachadh is a' beachdachadh air lùth ath-nuadhachail ann an dòigh inntinneach, le cothroman a bhith a' dol an sàs gu gnìomhach. Tha seo air a dhealbhadh a bhith a' spreigeadh feòrachas agus a' doimhneachadh tuigse air seasmhachd tro chluich mac-meanmnach.

Pàirt chudromach den ghòireas seo, is e brat cluiche air a dhealbhadh gu sònraichte do cheàrnaidhean air feadh roinnean-dùthcha UHI. Taisbeanaidh na bratan seo na cothroman is am bun-structar lùtha ath-nuadhachail san sgìre ionadail, rud a chuidicheas le luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a dhèanamh san t-saoghal cheart da-rìribh ris a' chruth-thìre lùtha a tha timcheall orra.

Mar thaic do ghnàthaichearan, solairidh sinn iùilean còmhraidh sgafallaichte agus brodaidhean ceiste a chuidicheas a bhith a' soirbheachadh còmhraidh brioghmhor agus ùidh luchd-ionnsachaidh a thaobh bhun-bheachdan cudromach ann an lùth ath-nuadhachail.

Tron mhodh-obrach seo, is e ar rùn comas a thoirt do luchd-ionnsachaidh is gnàthaichearan an dà chuid a bhith a' dol an greim gu misneachail ri cuspair lùtha ath-nuadhachail agus a' phàirt a chluicheas e ann an seasmhachd an ama ri teachd. Ar buidheachas do Northlands a thug seachad tuillidh ghòireasan a chuir nar comas an goireas foghlam STEM seo a chruthachadh.




Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.

Bileagan do Luchd-teagaisg is Pàrantan

A' taisbeanadh Prògram For-ruigheachd is Acainnean Forfhais STEM UHI.

Gnìomhachdan a tha air an dealbhadh a dhùsgadh feòrachas, cruthachalachd, agus sgilean fuasgladh ana-ceistean.



Gu dè a th' ann an STEM is Tasgadh STEM?

Is e as ciall do STEM Saidheans, Teicneolas, Innleadaireachd is Matamataig. Bidh STEM a' brosnachadh feòrachas is cruthachalachd.

Bidh e a' toirt fàs air smaointeachadh breithneachail, rud a chuidicheas le clann a bhith gan ullachadh fhèin airson an ama ri teachd.

Carson a tha STEM cudromach?

Is e as brìgh do STEM a bhith a' fuasgladh ana-ceistean is ag ionnsachadh mun t-saoghal mu ar timcheall.

Le bhith ag ionnsachadh mu STEM bidh clann air an uidheamachadh leis na h-acainnean a dh'fheumas iad a bhith a' tighinn beò is ag obair san t-saoghal atharrachail a th' againn.

Tha gnìomhachasan fàs-mhor na h-Alba, leithid Cumhachd Ath-nuadhachail agus Fànas, a' cur feum air barrachd luchd-obrach.

Le bhith ag ionnsachadh sgilean STEM, faodaidh clann a bhith air an cuideachadh a bhith deas airson obraichean sna raointean togarrach seo agus pàirt a ghabhail ann a bhith a' cur am feabhas na tha romhainn san àm ri teachd.

Gu dè a th' ann an Tasgadh STEM?

Bidh na fèin-fhiosrachaidhean, an t-eòlas agus na ceanglaichean a th' aig daoine a thaobh chuspairean is dreuchdan STEM le chèile a' dèanamh suas an Tasgaidh STEM aca.

Le bhith ag ionnsachadh mu STEM bidh clann air an uidheamachadh leis na h-acainnean a dh'fheumas iad a bhith a' tighinn beò is ag obair san t-saoghal atharrachail a th' againn.

Gabhaidh cur ris an Tasgadh STEM a th' aig clann le bhith:

- A' gabhail pàirt ann an gnìomhachdan STEM o aois òg san sgoil.
- A' leughadh leabhraichean mu STEM agus ag amharc air prògraman STEM air an telebhisean.
- A' brosnachadh phàrantan a bhith a' bruidhinn air STEM agus a bhith a' dèanamh ghnìomhachdan STEM simplidh aig an taigh agus a bhith a' tadhal air taisbeanaidhean, faidhrichean, is taighean-tasgaidh saidheans.
- A' bruidhinn ri daoine ann an dreuchdan STEM

Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



Fhuair sinn beachdan mìorailteach is fìor mholtach air ais o luchd-teagaisg is sgoilearan an dèidh seiseanan leis na h-Acainnean Forfhais a thugadh seachad le ar Co-òrdanaichean For-ruigheachd STEM UHI feadh na dà bhliadhna seo chaidh.



Barrachd cothruim a thoirt air deagh Uidheam STEM

Bidh so-ruigsinneachd is faotainneachd deagh uidheam STEM a' cur ri cothroman ionnsachaidh agus a' cumail chuspairean STEM o bhith ro eas-chruthach. Chaidh againn air modail 'cip is tharsannan' a stèidheachadh a thaobh uidheam foghlam STEM - a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil uidheam ionadail aig a h-uile ball den sgioba agus aig an aon àm gu bheil solar den acainn nas motha is nas saoire air a ghleidheil sa mheadhan ri a bucadh a-mach leis na Co-òrdanaichean STEM mar a bhios feum oirre ri a h-uisneachadh sna sgoiltean ionadail aca.

Cothrom airson an Ama ri Teachd

B' fhìor thoil leinn am modail seo a mheudachadh na ionad-coinghill airson uidheam STEM don sgìre air fad agus tha sinn a' creidsinn gun gabhadh seo dèanamh le maoinneachadh a bhiodh air a riarachadh gu sònraichte.



Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.

Com-pàirteachas STEM na Gàidhealtachd is nan Eilean (CSGE)

Prògram For-ruigheachd STEM UHI Ath-sgrùdadh Bliadhnaile 2024/25



Tha Com-pàirteachas STEM Ro-innleachdach na Gàidhealtachd is nan Eilean (CSGE) ga chathrachadh le UHI (Deadhan Dhàmh an t-Saidheans, na Slàinte agus na h-Àrainneachd) is chaidh a stèidheachadh mar fhear de na 13 de chom-pàirteachasan sgìreil air feadh na h-Alba a tha a' marasglachadh àrd-amas Ro-innleachd Foghlaim is Trèanadh STEM Riaghaltas na h-Alba (2017) a tha a' feuchainn ri ionnsachadh is sgilean STEM a leasachadh air feadh an t-siostaim foghlaim, ag altram feachd-obrach is ìre àrd de dh'fhoghlam aice airson taic a thoirt do chinneas eaconamach.

Tha ballrachd na buidhne seo a' gabhail a-steach riochdairean sgìreil is nàiseanta aig a bheil làmh ann an STEM, leasachadh sgilean is foghlam agus tha i a solar a' bhun-structair sgìreil is a' cho-theacsa ro-innleachdaich airson buaidh a thoirt air foghlam STEM agus pìob-loidhnichean leasachadh sgilean. Tha CSGE air a riochdachadh aig buidheann com-pàirteachais nàiseanta nan stiùirichean STEM (a chathraichear le ESP) le Ceannard Leasachadh STEM UHI.

Le bhith ag uisneachadh CSGE mar bhuidheann sgìreil ro-innleachdach, bha comas aig prògram for-ruigheachd STEM UHI buidhnean de lìonraidhean/com-pàirteachasan STEM ionadail a stèidheachadh air feadh na sgìre (no taic a thoirt do dh'fheadhainn a bh' ann cheana) air an suidheachadh timcheall air na com-pàirtichean acadaimigeach againn.


Thàinig com-pàirteachasan STEM ionadail am bith air diofar astaran a rèir a' cho-theacsa ionadail is nam feuman a bha air an comharrachadh. Mar thoradh air sin, chomharraich sinn gu bheil buannachdan na modha-obrach seo mar a leanas:

Com-pàirteachadh STEM a cho-òrdanachadh is a phlanadh air a shoirbheachadh le taic thachartasan san lìonra ionadail.

Comasachd, eòlas, is tuigse a thogail airson fàs a thoirt air an eòlas a th' ann air foghlam STEM agus ceangal a dhèanamh eadar na cothroman co-oibreachaidh nàiseanta, sgìreil is ionadail.

Dàta a phàirteachadh a thoirt taic do cho-dhùnaidhean air stèidh fianais airson tachartasan is iomairtean STEM sa choimhearsnachd agus taic a thoirt don eadar-ghluasad o fhoghlam bun-sgoile do dh'fhoghlam àrd-sgoile.

Com-pàirteachasan STEM Ro-innleachdach Sgìreil sa Ghàidhealtachd is na h-Eileanan - Air an cathrachadh le UHI



Eisimpleir de bhallrachd Com-pàirteachas STEM ionadail

Ath-sgrùdadh Bliadhnaile 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



Ag obair leis na com-pàirtichean againn sa ghnìomhachas Gaoithe aig Fairge, stèidhich sinn prògram tomtach de dh'fhor-ruigheachd is deachdadh STEM feadh dà thrìan de dh'Alba, le modail air a dhealbhadh gu sònraichte airson a' cho-theacsa dhùthchail againn.

Is e a chuir sinn air thoiseach a bhith a' toirt fàs air misneachd luchd-teagaisg, a' toirt taic do luchd-teagaisg bun-sgoile is àrd-sgoile, oileanaich PGDE agus a' freumhachadh trèanadh do dheuchainnichean.

A dhèanamh tuillidh feuma fhathast de chumhachd co-oibreachaidh, chaidh againn air sàr-eòlas, goireasan is maoin a luamhanachadh le feadhainn eile a tha a' solar foghlam STEM airson stuthan foghlaim ùra a chruthachadh.

Taing do sgioba Òigridh is STEM Fheachd Rìoghail an Adhair (Lùth Haidridein), na Gàraidean Luibh-eòlais Rìoghail, Dùn Èideann (Saoghal longantach nan Lusan), Comann Saidheans Mara na h-Alba (saidheansan Mara) agus Seachdain Matamataig na h-Alba (Sgeulachdan Matamataig).

Le sùil air aghaidh, tha sinn fìor thoilichte a bhith ag obair an co-bhoinn ri ALLenergy agus Brightgreen air na h-Acainnean Forfhais as ùire mu Thobraichean Lùtha.

Tha sinn gu math taingeil do Northlands airson urrasachd a thoirt do na gnìomhachdan cluiche mu lùth ath-nuadhachail agus an acainn forfhais mu thobraichean lùtha.

Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



Goireasan Air-Loidhne

Tha a dhith oirnn dileab de chothrom air goireasan a dhèanamh comasach a ghabhas uisneachadh le luchd-teagaisg, pàrantan agus com-pàirtichean eile ann am foghlam agus foghlam STEM, agus i a' nochdadh modh-obrach cho-òrdanaichte agus oidhirp cho-oibreachail. A dh'iarraidh tuillidh fiosrachaidh, tadhlaibh air – <https://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/stem>



CO-IONADAN STEM ionadail

Tha CO-IONDAN STEM air-loidhne le fòcas ionadail gan toirt a-steach ceum air cheum an-dràsta agus solairidh iad ceanglaichean ri tachartasan, gnìomhachdan is buidhnean foghlam STEM agus goireasan leasachadh sgilean anns gach ceàrn de na Lìonraidhean STEM air feadh na sgìre againn.

Taic do Thachartasan sa Choimhearsnachd

Gach bliadhna bidh sinn ag aontachadh taic a thoirt do chaochladh thachartasan sa choimhearsnachd air feadh na sgìre is a' solar gnìomhachdan spòrsail do theaghlaichean a bhith a' toirt oidhirp orra. Is e an tachartas as motha am 'Boffinarium' aig Fèis Tartan Heart Bhealadruim, a bhios a' tarraing a-steach mu 4,000 pàiste feadh nan trì làithean.

Am measg nan iomadh tachartas eile tha fèisean saidheans ann an Gallaibh, Arcaibh, Sealtainn is Srath Pheofhair, cho math ris na seachdainean saidheans ann am Moireibh is Steòrnabhagh agus an Tachartas Lùtha ann am Peairt. Tha mòran eile ann - tuillidh 's a' chòir ri an liostadh - ach feumaidh sinn buidheachas mòr a thoirt do na h-oileanaich shaor-thoileach is na Tosgairean STEM againn a bhios a' toirt seachad ùine a chuideachadh sna tachartasan seo. Tha tuillidh fiosrachaidh mun Phrògram Thosgairan STEM ri fhaotainn an seo:

<https://www.stemambassadors.scot>



Ath-sgrùdadh Bliadhnail 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



Tha am fànas fhathast na chuspair STEM a bheir togail agus bha comas againn sgoiltean a stiùireadh a dh'ionnsaigh sàr stuthan foghlaim a tha ri am faotainn o:

<https://www.sserc.org.uk/stemengagement>

www.iop.org/explore-physics/mimis-space-adventure

Train like an astronaut - ESA Mission X

Aig an ìre ionadail tha sinn a' toirt taic do ghnìomhachdan ann an Saxaford ann an Sealtainn agus Machaire Shanais ann an Earra-Ghàidheal. Aig an ìre nàiseanta tha sinn air ar riochdachadh am buidheann-obrach Sgìlean Fhànas na h-Alba.



Taic a thaobh PGDE is Deuchainnichean

Bha sinn a' toirt taic do dh'oileanaich bun-sgoile PGDE le gnìomhachdan STEM prataigeach agus air stèidh iarrtasan bhuathasan tha sreath de bhideothan goirid air an cruthachadh againn, ri an uisneachadh feadh na bliadhna probhaidh. Am measg nan cuspairean a tha air an gabhail a-steach tha na leanas:

1. Tasgadh Saidheans: Mar a thaicear is mar a thogar tasgadh saidheans san t-seòmar-theagaisg.

2. Ciad eòlas air còdadh san t-seòmar-theagaisg: Tha mòran smaoineasan sìmplidh is comhairle sa bhideo seo mu dhòighean a bhith a' toirt ciad eòlas do luchd-ionnsachaidh air còdadh.

3. Buannachdan phrobhaidhean sìmplidh san t-seòmar-theagaisg: Tha a' bhideo seo a' soilleireachadh bhuannachdan a bhith a' dèanamh phrobhaidhean sìmplidh san t-seòmar-theagaisg. Tha beagan smaoineasan ann gus an siùdaich sibh.



4. Làraichean-lìn is goireasan a bheir taic do dh'ionnsachadh STEM: Tha a' bhideo seo a' taisbeanadh caochladh làraichean-lìn is goireasan a bheir taic do dh'ionnsachadh STEM san t-seòmar-theagaisg bun-sgoile. Sa phadlet tha na ceanglaichean ris na làraichean-lìn air fad air a bheil iomradh sa bhideo.

5. Tuillidh taice le STEM: Tha a' bhideo seo a' soilleireachadh mar a ghabhas dol an sàs ann an Duais Nàisean STEM Fhoghlaim Alba, agus buannachdan a bhith ag uisneachadh Thosgairan STEM san t-seòmar-theagaisg.

Ath-sgrùdadh Bliadhnaile 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.



A dh'aindeoin àrd-amas na h-Alba, tha beàrn sgilean ann fhathast ann an raointean STEM, gu sònraichte ann a bhith a' togail comasachd STEM o chom-pàirteachadh aig ìre thràthail agus ann a bhith a' toirt taic do luchd-drùidhidh cudromach a thaobh STEM (pàrantan is luchd-teagaisg).

Tro cho-oibreachadh le gnìomhachas, gabhaidh taic a thoirt do dh'eag-shiostam foghlam STEM seasmhach, làidir, mar phàirt de phlanaichean leasachadh sgilean gus am bi feachd-obrach iol-ghnèitheach ann aig am bi comas plana faisg sgrèil agus àrd-amas Luchd-obrach Tuath a thaiceadh.

Tha sinn fìor thaingeil do na com-pàirtichean againn ann an gnìomhachas airson taic ionmhais airson Prògram For-ruigheachd STEM UHI a thoirt gu buil. Tha am prògram làithreach againn a' crìochnachadh ann an Iuchar 2026 agus tha sinn a-nis a' sireadh taic airson an ath cheuma sa phrògram.

Tha dìleab againn de dhiongaltas, luach airgid agus èifeachdas, is bheir sinn grad-bhuaidh a bhios maireannach. Is e ar rùn leantainn oirnn don ath cheum de Phrògram For-ruigheachd STEM UHI o bhliadhna acadaimigeach 2026/27.

Cothrom airson an Ama ri Teachd

Nam bu toil leibh pàirt a ghabhail bhitheamaid anabarrach toilichte fios fhaotainn buhaibh. Bidh tabhartasan, biodh iad beag no mòr, air an cur air leth sa bhuidseat cho-choitcheann airson nan gnìomhachdan For-ruigheachd STEM a bhios air an co-òrdanachadh is air an toirt gu buil air feadh sgìre UHI agus cheann tuath na h-Alba air fad.

Is urrainn dhuibh fios a chur ar n-ionnsaigh tro phost-d no tron làraich-lìn no na meadhanan sòisealta. Taing dhuibh.

<https://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/stem>

✉ STEM@uhi.ac.uk

UHISTEM # STEMNorth # ThinkUHI

Ath-sgrùdadh Bliadhnaile 2024/25

Is ann air STEM (saidheans, teicneolas, innleadaireachd is matamataig) a bhios ùr-ghnàthachadh is adhartas air an togail, is tha cruthachalachd is deachdadh nan deatamas do-sheachainte gus am bithear fhathast a' toirt leudachadh air crìochan is a' rannsachadh rudan ùra a ghabhas dèanamh.